


Leabhar-làimhe airson Còmhradh mun Ghnàth-shìde

Air a dhealbhadh le oileanaich gruagaireachd,
bòidhcheid agus maiseachaidh, agus
oileanaich saidheans mara



Toradh bhon phròiseact FON T-SIOSAR 2023-2024
a chaidh a mhaoineachadh le Maoin Com-pàirteachadh na Gnàth-shìde

Cuiribh eòlas air an sgioba

Tha sinn nar buidheann ioma-chuspaireil de dh'oileanaich is luchd-obrach a dh'obraich còmhla air pròiseact pileatach airson còmhradh mun ghnàth-shìde a bha a' ceangal raointean teicnigeach, acadaimigeach agus poblach ri chèile.



+ UHI Moireibh

Oileanaich Gruagaireachd: Neal Thomson, Sarah Marshall, Tegan Reid

Oileanaich Bòidhcheid agus Maiseachaidh: Lauren Brown

Luchd-obrach: Christine Anderson, Donna Mackie, Hazel Maguire, Helen Williamson, Kerry McInnes, Mia Lalanne, Mike McGlynn, Rachel Miller, Samantha Scott

+ Comann Saidheans Mara na h-Alba


Oileanaich: Caitlin Lamb, Danny Morrison, Hannah Towns, Kate Fraser, Robyn Gilfillan

Luchd-obrach: Ben Wilson, Bernadette Snow, Euan Paterson, Iona Harvey, Kristin Burmeister, Robyn Tuerena

Dè as adhbhar don leabhar-làimhe seo?

Tha an leabhar-làimhe seo a' toirt cunntas air pròiseas agus toraidhean a' phròiseict do dh'oileanaich airson còmhradh mun ghnàth-shìde "Fon t-Siosar", a' toirt a-steach nan leasan a dh'ionnsaich sinn fhad 's a bha sinn ris.

Tha sinn an dòchas gum bi sibh air ur brosnachadh leis an leabhar-làimhe seo gus an tòisich sibh air na còmhraidhean agaibh fhèin mun ghnàth-shìde, biodh sin anns an t-seòmar-theagaisg agaibh, sa bhùth gruagaireachd no bòidhcheid agaibh, no ann an àitichean eile.



Dè a th' ann an còmhradh mun ghnàth-shìde?

Is e a th' ann an còmhradh mun ghnàth-shìde còmhradh eadar co-inbhich mun t-saoghal atharrachail againn. Chan eil sàr-eòlaichean sam bith a' gabhail pàirt: is e còmhradh càirdeil a th' ann mu bhuaidh atharrachadh na gnàth-shìde agus fuasglaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann. Bidh a h-uile còmhradh mun ghnàth-shìde eadar-dhealaichte, agus faodaidh fear a bhith aig duine sam bith aig aois sam bith!

Faodaidh e a bhith duilich còmhradh a bhith agaibh mu atharrachadh na gnàth-shìde. Bidh mòran dhaoine ga fhaicinn na chuspair mòr, toinnte no iomagaineach. Air a shon sin, faodaidh dìreach aon còmhradh mun ghnàth-shìde daoine a chuideachadh a bhith a' faireachdainn nach eil iad cho aonaranach agus a bhith a' faireachdainn nas fhiosrachaile agus nas dòchasaiche mun àm ri teachd. Faodaidh seo buaidh thonnagan a thòiseachadh, agus aon neach a bhith a' mothachainn gu bheil iad ann an co-luadar ri càch agus iad air an comasachadh gus an dèan iad rudan iongantach le chèile!

Aig amannan, tha e nas fhasa deagh dheasbad a bhith agaibh mu atharrachadh na gnàth-shìde às deidh do dhaoine coimhead air prògram aithriseach no bhidio, geama a chluich, no leabhar no alt a leughadh còmhla.

Airson a' phròiseict seo, chruthaich sinn prìob-chairtean le fiosrachadh mu atharrachadh na gnàth-shìde, air am b' urrainn do dh'oileanaich a bhith a' bruidhinn ri custamairean agus iad a' tòiseachadh air na còmhraidhean aca fhèin mun ghnàth-shìde.

Na rinn sinn (gu h-aithghearr)

+ An toiseach, chruthaich na h-oileanaich saidheans mara prìob-chairtean a' mìneachadh ann am Beurla shìmplidh mar a tha a' tachairt timcheall na h-Alba air sgàth atharrachadh na gnàth-shìde.

The tide is high

When water warms up, it expands. A warming ocean, coupled with melting sea ice and glaciers, has raised average global sea level by 20 centimetres, increasing flood risks.



Scan to find out about climate change research at SAMS



On the boil

There was a marine heatwave off northern Scotland that lasted 237 days, from August 2022 to April 2023. A marine heatwave occurs when the temperature is in the top 10% of recorded sea temperatures for at least five consecutive days.



Scan to find out about climate change research at SAMS



On the move

As the Earth warms, animals are gradually moving northwards or southwards away from the equator. Cod and haddock, a staple for Scottish fishers, are being located further north.



Scan to find out about climate change research at SAMS



Got an umbrella?


Scotland's climate is going to gradually have drier summers and wetter winters, with extreme downpours becoming 10 times more likely in north west Scotland by 2080.



Scan to find out about climate change research at SAMS




+ An uairsin, dh'uisnich na h-oileanaich gruagaireachd is bòidhcheid na prìob-chairtean mar thoiseach còmhraidh ris na custamairean aca.



+ Mu dheireadh, dh'iarr sinn air na custamairean tilleadh airson dàrna coinneamh.

Chruinnich sinn fiosrachadh ann an dà cheisteachan feuch deamar a bha na custamairean a' faireachdainn ro na còmhraidhean aca mun ghnàth-shìde agus às an deidh. Leis an dàta seo, còmhla ri fios air ais bho oileanaich, chitheamaid dè a chaidh gu math agus dè na cothroman a bh' ann airson leasachadh.



Mar a rinn sinn e...

+ **Lùnastal 2023**

Chuir Comhaltaich Rannsachaidh bho sgioba Just Transition UHI Moireibh iarrtas a-steach gu Maoin Com-pàirteachadh na Gnàth-shìde Riaghaltas na h-Alba a dh'iarraidh tabhartas airson pròiseact pileateach a thaobh còmhraidh mun ghnàth-shìde do dh'oileanaich anns an gabhadh an dà chuid oileanaich agus buill den phoball pàirt. Shoirbhich leis an iarrtas, agus thòisich am pròiseact 6 mìosan san Dàmhair!

+ **Dàmhair 2023**

Thàinig luchd-obrach acadaimigeach agus luchd-taice UHI Moireibh agus SAMS a-steach don ghnothach gus cothrom a thoirt do na h-oileanaich aca pàirt a ghabhail.

+ **Samhain 2023**

Choinnich 11 oileanach bho UHI Moireibh agus SAMS anns an Òban air 20 - 21 Samhain airson bùth-obrach gus na stuthan agus na dòighean-obrach a cho-dhealbhadh airson còmhraidhean soirbheachail ùra mun ghnàth-shìde fo stiùir oileanaich.

+ **Dùbhlachd 2023**

Thòisich na h-oileanaich gruagaireachd is maiseachaidh air còmhraidhean gnàth-shìde ri custamairean ro shaor-làithean na Nollaige.

+ **Faoilleach – Màrt 2024**

Chuir oileanaich UHI Moireibh dà choinneimh air dòigh le suas ri 5 custamairean an t-aon beagan sheachdainean bho chèile, agus iad a' cruinneachadh dàta a' phròiseict aig an aon àm ri bhith a' cosnadh gnàth-eòlas agus misneachd.



+ Gearran 2024

Choinnich na h-oileanaich bho UHI Moireibh agus SAMS a-rithist air 26mh – 27mh Gearran airson dàrna bùth-obrach, a bhith a' sgrùdadh mar a chaidh am pròiseact, a' pàirteachadh rudan a chaidh ionnsachadh air feadh an rathaid, agus a' cuideachadh le dealbhadh an leabhair-làimhe seo!

+ Dùbhlachd - Màrt 2024

Aig an aon àm, bha an sgioba rannsachaidh ag obair aig cùl a' ghnòthaich gus aithris a thoirt do Riaghaltas na h-Alba air adhartas a' phròiseict. Mar phàirt de rannsachadh nas fharsainge na sgioba a thaobh Just Transition, chuir na toraidhean ri sgrùdadh nas motha air mar as urrainn do shaidheans, foghlam, agus a' choimhearsnachd ionadail obrachadh còmhla gus am bi an t-àm ri teachd nas cothromaiche agus nas uaine don h-uile duine ann am Moireibh.

+ Màrt 2024

Mu dheireadh, chuir na h-oileanaich agus an luchd-obrach air fad tachartas conaltradh poblach air dòigh le chèile gus toraidhean deireannach a' phròiseict a chur a-mach. Bha còrr is 50 aoigh an làthair aig an tachartas seo, a' gabhail a-steach labhraichean air aoigheachd, buill den phoball, agus gnothachasan fuilte, bòidhcheid agus borbaireachd às gach ceàrn de Mhoireibh!



Agus carson a rinn sinn e

“Is toil leam a bhith ag ionnsachadh slighean nas fheàrr gus saidheans na gnàth-shìde a chur an cèill ann an còmhraidhean làitheil.”

- Oileanach

“Tha mi a’ smaoineachadh gu bheil e iomchaidh a bhith a’ bruidhinn air atharrachadh na gnàth-shìde sa h-uile àite.”

- Custamair

“Is e glè bheag de chothroman eagaraichte a th’ ann aig an àm seo do dh’oileanaich a bhith a’ pàirteachadh eòlas, sgilean agus fiosrachaidhean tarsainn àrainnean, chuspairean agus diofar ìrean ionnsachaidh.

A bharrachd air sin, le bhith a’ dèanamh feum de dh’oileanaich a tha ag obair an lùib a’ mhòr-shluaigh mar phàirt den ionnsachadh aca, tha cothrom againn a bhith a’ conaltradh ri coimhearsnachdan nach biodh mar as àbhaist a’ gabhail pàirt ann an tachartasan UHI ann an suidheachadh neo-fhoirmeil agus sunndach.”

- Neach-rannsachaidh

Bha na toraidhean cho soilleir is a ghabhadh

Ro na còmhraidhean mun ghnàth-shìde:



Thuir **58%** de na custamairean gu robh gnìomhachadh an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde "cudromach"



Thar cheann, thuir na custamairean gum b' e tuigse "**chuibheasach**" a bh' aca air atharrachadh na gnàth-shìde



Thuir **33%** de na custamairean gun robh ùidh phearsanta aca ann an naidheachdan ionadail mu atharrachadh na gnàth-shìde



B' e an tuairisgeul a thug a' mhòr-chuid de na custamairean air "atharrachadh na gnàth-shìde" atharrachaidhean san aimsir, na ràithean agus teothachdan. Cha robh ach **16%** de na custamairean a thug iomradh air na ceanglaichean ri gnìomhachd a' chinne-dhaonna

Às deidh nan còmhraidhean mun ghnàth-shìde:



Thuir **100%** de na custamairean gu robh gnìomhachadh an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde “cudromach”



Thar cheann, thuir na custamairean gum b’ e tuigse “**mhath**” a bh’ aca air atharrachadh na gnàth-shìde



Thuir **66%** de na custamairean gun robh ùidh phearsanta aca ann an naidheachdan ionadail mu atharrachadh na gnàth-shìde



Dh’aontaich **100%** de na custamairean gun robh a’ bhùth gruagaireachd no bòidhcheid na h-àite iomchaidh airson còmhradh mun ghnàth-shìde



Dhearbh 66% de na custamairean gun do bhruidhinn iad uile ri **suas ri 6 eile** mun rud a dh’fhiosraich iad a thaobh còmhradh mun ghnàth-shìde anns na bùitean gruagaireachd no bòidhcheid, a’ toirt a-steach buill de an teaghlach, co-obraichean, nàbaidhean, feadhainn eile sa chlas aca agus caraidean

Dh'ionnsaich sinn fhèin tòrr cuideachd

Mu bhith ag ullachadh còmhla airson còmhradhean mun ghnàth-shìde:

B' e a' phàirt a bu tlachdmhoire den chiad bhùth-obrach a bhith a' coinneachadh ri daoine ùra agus ag ionnsachadh mu atharrachadh na gnàth-shìde agus nas urrainn dhuinn dèanamh.

Bhiodh e na b' fheàrr le barrachd fiosrachaidh, is dòcha, mu ghnìomhachadh adhartach a tha a' tachairt an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde.

Tha mi a' smaoinichadh gur dòcha gun e buidheann de 4 oileanach a' bhuidheann bheag den mheud as fheàrr airson còmhradhean.

Chòrd e rium a bhith ag ionnsachadh nam pìosan beaga de dh'fhiosrachadh agus a' togail mothachadh agus tuigse nas fharsainghe.

Mu bhith a' conaltradh ri custamairean:

Bha e furasta gu leòr bruidhinn ri custamairean!

Bhiodh e na b' fheàrr le nas lugha de rianachd (foirmean, msaa.)

Gu math inntinneach cluinntinn mu na toraidhean matha a thàinig às na còmhraidhean ris na custamairean.

Bha mi a' faireachdainn gun robh mi air m' ullachadh gu fìor mhath airson nan còmhraidhean agam ri custamairean mun ghnàth-shìde.

Chòrd e rium a bhith a' cluinntinn sgeulachdan bho chustamairean na bu shine.

A rèir coltais, cha robh e doirbh do na h-oileanaich gruagaireachd na còmhraidhean a bhith aca ri an custamairean.

Bhruidhinn sinn còmhla cuideachd air mar a chaidh am pròiseact thar cheann...

B' e a' phàirt a bu tlachdmhoire den phròiseact air fad a bhith a' coinneachadh ri oileanaich eile aig UHI.


Chòrd e rium dìreach mar a bha conaltradh eadar buidhnean de dh'oileanaich a bha cho eadar-dhealaichte.

Dh'fhaodadh am pròiseact seo a bhith na b' fheàrr nan robh e air a dhèanamh thar ùine na b' fhaide.

Is dòcha gum faodadh SAMS barrachd uidheam-taice lèirsinneach ullachadh a ghabhadh uisneachadh leis na h-oileanaich fuilte is bòidhcheid, agus tuillidh grad-fhiosrachaidh mu na sgìrean ionadail air a bheil seo a' toirt buaidh.

Tha mi a' faireachdainn gun do chuidich e gus conaltradh agus ùidh nas fheàrr a dhèanamh eadar saidheans agus am mòr-shluagh!

...agus tòrr cnuasachaidh le chèile mar phàirt den ghnothach.



WHAT WOULD / DOES WORK

- TURN TAP OFF BETWEEN WASHES
- ASK IF PRODUCT IS WANTED
- KEEP TOPICS POSITIVE (not just bad stuff happening)
- START WITH THE WEATHER
- COMMUNICATE TO COMMUNITY ABOUT AVAILABLE HAIR TRIMMINGS
- ADDRESS CONSUMER CONFUSION/ QUESTIONS ABOUT PRODUCTS
↓
RE. AMOUNT OF PRODUCT = LESS NEEDED WITH GOOD PRODUCTS!
- MORE VISUAL CUES including QR CODES
- BRING IN THE SCIENTISTS!
- LOCAL FLOODING MAP AS CONVERSATION STARTER

Seo a-nis an cothrom agaibh fhèin

Seo na rudan as cudromaiche ri an
cuimhneachadh an àm a bhith ri còmhradh mun
ghnàth-shìde sibh fhèin:



Na dèanaibh leibh fhèin e! Iarraibh air ur n-òraidiche,
oileanaich eile air a' chùrsa agaibh, agus eadhon oileanaich
bho chuspairean eile ur cuideachadh a bhith ag ullachadh
agus a' cur air dòigh còmhraidhean mun ghnàth-shìde le
chèile.



Uisnichibh spreigidhean lèirsinneach (priob-chairtean,
bileag, no eadhon an leabhar-làimhe seo!) gus an còmhradh
mun ghnàth-shìde a thòiseachadh! Tha e na chuideachadh
dha-rìribh rudeigin a bhith agaibh nur làmhnan ri a chur fa
chomhair dhaoine agus a dheasbad còmhla.



Na bithibh a' smaointeachadh gum feum sibh a bhith nur
sàr-eòlaiche air atharrachadh na gnàth-shìde! Gu cinnteach,
tha e math a bhith air chomas bruidhinn le misneachd,
ach cuimhnichibh nach e rud aon-taobhach a th' ann an
còmhradh math, agus is dòcha gun ionnsaich sibhse tòrr bho
na custamairean.



Cumaibh na còmhraidhean socair agus comhfhurtail
dhuibh fhèin agus don chustamair agaibh. Mas ann
ann am bùth gruagaireachd no bòidhcheid a tha an
còmhradh, cuimhnichibh gu bheil iad a' pàigheadh air
beagan suaimhneis!



Agus mu dheireadh, bithibh moiteil asaibh fhèin! A h-uile
ceum beag a thèid a ghabhail gus am bi e na rud àbhaisteach
a bhith a' bruidhinn mu dhaoine agus a' phlanaid agus a'
gabhail cùram dhiubh, is e soirbheachadh a tha sin fhèin!

Tha an duilleag seo bàn airson nan nòtaichean agaibh fhèin.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseact **“Fon t-Siosar”**,
faicibh an seo:



moray.uhi.ac.uk/cef



Tha an sgrìobhainn seo ri a faighinn an dà chuid ann am Beurla agus Gàidhlig.